



Cotter, M., Dunn, F. and Ó Maolalaigh, R. (2010) *A' Ghàidhlig ann an Oilthigh Ghlaschu: Ùidh, Comasan agus Beachdan*. Other. Roinn na Ceiltis is na Gàidhlig, Sgoil nan Daonnachdan, Colaiste nan Ealan, Oilthigh Ghlaschu, Glasgow.

<http://eprints.gla.ac.uk/42741/>

Deposited on: 22 July 2011



Oilthigh  
Ghlaschu

# A' Ghàidhlig ann an Oilthigh Ghlaschu: Ùidh, Comasan agus Beachdan

Michelle Cotter  
Fiona Dunn  
Roibeard Ó Maolalaigh



Gàidhlig @ Oilthigh Ghlaschu | Lùnastal 2010  
Chaidh an rannsachadh seo a mhaoineachadh le Bòrd na Gàidhlig

© Roinn na Ceiltis is na Gàidhlig, Sgoil nan Daonnachdan, Colaiste nan Ealan,  
Oilthigh Ghlaschu, 2010

Foillsichte le Roinn na Ceiltis is na Gàidhlig, Sgoil nan Daonnachdan, Colaiste nan Ealan,  
Oilthigh Ghlaschu agus air a chlà-bhualadh le Oilthigh Ghlaschu, Ionad Clò-bhualaidh.

Air a mhaoineachadh le Bòrd na Gàidhlig



## CLÀR-INNSE

RO-RÀDH

GEÀRR-CHUNNTAS

1

MION-SGRÙDADH

- Earrann A: Cunntas den Luchd-fhreagairt 2
- Earrann B: Comas Labhairt agus Ùidh ann an Leasanan 3
- Earrann C: Ìre Ùidh ann an Cultar agus Tachartasan Gàidhlig 7
- Earrann D: Beachdan mu Chudromachd na Gàidhlig 9
- Earrann E: Beachdan is Molaidhean a Dh'fhaodadh a bhith Feumail no Inntinneach do dh'Oifigear na Gàidhlig 12

CO-DHÙNAIDHEAN

15

MOLAIDHEAN

18

PÀIPEAR-TAICE

19

## RO-RÀDH

Tha an aithisg seo a' gabhail a-steach mion-sgrùdadh iomlan air na freagairtean a chaidh fhaotainn do shuirbhidh a rinneadh am measg oileanaich is luchd-obrach Oilthigh Ghlaschu eadar 13 Dàmhair agus 10 Samhain 2009, gus measadh a dhèanamh air na leanas:

- Comas labhairt sa Ghàidhlig agus clasaichean Gàidhlig
- Ùidh ann an tachartasan cultarail Gàidhlig
- Beachdan mu chudromachd cànan is cultar na Gàidhlig

Chaidh an suirbhidh agus an aithisg a bharrantachadh le Oifigear na Gàidhlig (Roinn na Ceiltis is na Gàidhlig, Colaiste nan Ealan). Tha dreuchd Oifigear na Gàidhlig co-mhaoinichte le Comhairle Maoineachaidh na h-Alba, Riaghaltas na h-Alba agus Bòrd na Gàidhlig. 'S e prìomh amas na dreuchd ìomhaigh na Gàidhlig àrdachadh air feadh Oilthigh Ghlaschu agus cothroman a chruthachadh do luchd-ionnsachaidh, do luchd-labhairt dùthchasach, agus do dhuine sam bith le ùidh sa chànan is sa chultar, gus com-pàirt a ghabhail ann an grunn thachartasan cultarail Gàidhlig. 'S e prìomh adhbhar an t-suirbhidh is na h-aithisg fiosrachadh riatanach a thoirt do dh'Oifigear na Gàidhlig gus taic is brosnachadh a thoirt don Ghàidhlig taobh a-staigh an Oilthighe. A bharrachd, thathar a' toirt geur-bheachd mun Ghàidhlig is mu ùidh sa Ghàidhlig aig Oilthigh Ghlaschu do na trì prìomh bhuidhnean a tha a' toirt taic-airgid do dhreuchd Oifigear na Gàidhlig. Thathar cuideachd an dòchas gum bi an aithisg seo feumail do dh'ionadan eile a bhios a' dealbhadh leasachaidhean Gàidhlig aig an treas ìre.

A thaobh modh-obrach, chaidh ceisteachan air-loidhne a chur gu oileanaich is luchd-obrach uile airson an dàta a chruinneachadh. An-dràsta tha còrr is 24,400 oileanach ann an Oilthigh Ghlaschu agus còrr is 6,000 neach-obrach.<sup>1</sup> A-mach à 30,000 freagairt a dh'fhaodadh a bhith ann, chaidh 2,329 fhaotainn, a' riochdachadh mu 7.8% de dh'àireamh iomlan nan oileanach is an luchd-obrach.

Stèidhichte air an dàta a fhuair eadh bho na freagairtean, tha an aithisg seo a' moladh dhòighean gus meudachadh a thoirt air an ìre de Ghàidhlig a tha air a labhairt, air àireamhan luchd-ionnsachaidh agus air com-pàirteachas ann an tachartasan cultarail aig Oilthigh Ghlaschu, agus dh'fhaodte aig ionadan eile far a bheilear a' teagasg na Gàidhlig.

Tha seata iomlan de chlàran is de ghrafan dàta ri fhaotainn sa phàipear-taice.

Bu mhath leinn taing a thoirt dha na leanas airson na chuir iad ris an rannsachadh seo: Bòrd na Gàidhlig airson an rannsachadh a mhaoineachadh; Raibeart Marshall, Àrd-mhanaisdear, Roinn Sgiobachd, Oilthigh Ghlaschu airson comhairle ann a bhith ag ullachadh a' cheisteachain; Dr. Michelle Cotter airson am mion-sgrùdadh a rinn i air na ceisteachain; Joina NicDhòmhail airson an aithisg eadar-theangachadh gu Gàidhlig; Iain Galloway agus Lèirsinn airson an comhairle air dòighean-obrach, agus mu dheireadh, a h-uile duine aig Oilthigh Ghlaschu a ghabh pàirt anns an rannsachadh seo, an dà-chuid oileanaich agus luchd-obrach.

Fiona Dunn, Oifigear na Gàidhlig, Oilthigh Ghlaschu  
An t-Ollamh Roibeard Ó Maolalaigh, Ceannard, Ceiltis is Gàidhlig, Oilthigh Ghlaschu

An Lùnastal 2010

<sup>1</sup> Tobar: Seirbheisean Dealbhadh Oilthigh Ghlaschu - [www.glasgow.ac.uk/services/planning/](http://www.glasgow.ac.uk/services/planning/)

## GEÀRR-CHUNNTAS

Tha geàrr-chunntas de thoraidhean an t-suirbhidh gu h-ìseal. Tha figearan air an cur chun a' cheudaid as fhaisge.

- Fhreagair 8% de dh'oileanaich is de luchd-obrach uile an suirbhidh: thàinig a' mhòr-chuid de na freagairtean bho oileanaich fho-cheumnach
- Tha 14% den luchd-fhreagairt an-dràsta an sàs ann a bhith ag ionnsachadh no a' bruidhinn na Gàidhlig
- Tha ùidh aig 55% den luchd-fhreagairt ann a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig; dh'iarraidh 85% clas luchd-tòiseachaidh
- A thaobh na amannan a bu fhreagarraiche airson chlasaichean, 's ann eadar 12 is 1f agus eadar 5.30 is 7f air làithean-seachdaine tron teirm acadaimigich
- Am measg na bha a' cur bacadh air daoine bho bhith ag ionnsachadh is a' gabhail chlasaichean bha cion ùine, ruigsinneachd, beachdan a thaobh a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig, agus cosgaisean
- Tachartasan cultarail Gàidhlig: Chuir oileanaich agus luchd-obrach an cèill gum b' fheàrr leotha consairtean ciùil agus fiosrachadh mu ainmean-àite
- Bhiodh e na b' fheàrr nan deidheadh tachartasan a chumail bho 5.30f air feasgaran tron t-seachdain
- 'S e ùidh choitcheann ann an cànanan a tha a' tarraing a' chuid as motha den luchd-fhreagairt aig a bheil ùidh sa Ghàidhlig
- A thaobh cho cudromach 's a bha a' Ghàidhlig do luchd-labhairt dùthchasach bha faireachdainn seilbhe, dearbh-aithne chultarail is phearsanta, dualchas, coimhearsnachd, gaol air a' chànan fhèin agus na buannachdan a bha iad a' faicinn an lùib ioma-chànanais
- Bha 56% den luchd-fhreagairt uile a' faireachdainn gu bheil a' Ghàidhlig cudromach do bheatha chultarail na h-Alba
- Nochd na bu lugha na 50% de dh'oileanaich is luchd-obrach aire do dh'inbhe làithreach na Gàidhlig ann an Alba
- Bha 55% den luchd-fhreagairt uile a' faireachdainn gu bheil ath-bheothachadh na Gàidhlig ann an Alba cudromach
- Tha beachdan a thaobh ceistean 13, 14 is 16 a' nochdadh fhaireachdainnean làidir an dà chuid a' toirt taic don Ghàidhlig agus a' cur an aghaidh na Gàidhlig taobh a-staigh an Oilthighe is na h-Alba. A-mach à mu 250 beachd bha mu 230 (92%) a' toirt taic don Ghàidhlig agus bha 20 (8%) an aghaidh a bhith a' gleidheadh no ag ath-bheothachadh a' chànan.

# MION-SGRÙDADH

## EARRANN A: CUNNTAS DEN LUCHD-FHREAGAIRT

### 1. Gnè (faic Clàr 1.0)

Bha mu 40% de luchd-freagairt an t-suirbhidh fireann; 60% boireann.

### 2. Bann Aoise (faic Clàr 2.0)

An-dràsta tha còrr is 24,000 oileanach (a' gabhail a-steach iar-cheumnaich) clàraichte aig Oilthigh Ghlaschu agus tha còrr is 6,000 luchd-obrach ann. Fhuair an suirbhidh seo freagairt bho mu 7.8% den àireimh oileanach is luchd-obrach a tha an-dràsta clàraichte san Oilthigh agus ag obair ann (iomlan de 2,329 luchd-freagairt).

Thàinig mu 50% de na freagairtean bhon bhann aoise 16-20 is 21-25 agus tha seo a' comharrachadh gur e oileanaich fho-cheumnach a bha air ùr thighinn às an àrd-sgoil a ghabh a' chom-pàirt a bu làidire san t-suirbhidh.

Bha a' bhuidheann aoise 26-30 a' riochdachadh 10.5% den luchd-fhreagairt. Am measg a' bhann aoise 31-40 bha am figear a' tuiteam gu 8.2% agus gu 6.2% airson aois 41-45. Bha àrdachadh beag sna freagairtean bhon bhann aoise 46-50 (6.8%) ach bha am figear seo a' tuiteam 1-2% airson nam bannan aoise thairis air 51 bliadhna. Dh'fhaodte gu bheil an t-àrdachadh beag sa bhann aoise 46-50 air sgàth freagairtean an luchd-obrach.

Bhon dàta a chaidh a thoirt seachad is urrainnear tuairmse a dhèanamh gun robh mu 65% den luchd-fhreagairt nan oileanaich fho-cheumnach, 25% nan iar-cheumnaich agus 10% nan luchd-obrach. Ach, bu chòir cuimhneachadh gu bheil cuid de na h-oileanaich (gu h-àraid iar-cheumnaich) cuideachd nan luchd-obrach aig an Oilthigh agus gu bheil mòran luchd-obrach cuideachd clàraichte nan oileanaich. Seach nach do dh'iarr an ceisteachan an dearbh fhiosrachadh seo, chan eil e comasach briseadh-sìos deimhinnte a thoirt air a' cho-mheas luchd-obrach/oileanach am measg nam freagairtean. Bha a' mhòr-chuid den luchd-fhreagairt, a chomharraich gu soilleir gun robh iad nan luchd-obrach, ag obair ann an Seirbheisean an Oilthighe.

### 3. Oileanaich: Buidheann Bliadhna (faic Clàr 3.0)

De na h-oileanaich a fhreagair is a chomharraich a' bhliadhna san robh iad, bha iar-cheumnaich a' riochdachadh 26.1%, air an leantainn le fo-cheumnaich ciad bhliadhna (20.3%). Bha an fhreagairt bho fho-cheumnaich dàrna bliadhna a' riochdachadh 13.5%, fo-cheumnaich treas bliadhna 14.5%, fo-cheumnaich ceathramh bliadhna 11.2%. Bha tuiteam grad sna freagairtean a fhuair eadhon bho fho-cheumnaich còigeamh bliadhna (1.5%) ach bhiodh dùil ris a seo seach nach eil a' mhòr-chuid de phrògraman fo-cheumnach a' mairsinn nas fhaide na 4 bliadhna. Cha tug 12.9% de dh'oileanaich fho-cheumnach seachad fiosrachadh a thaobh am bliadhna, mar sin dh'fhaodte gu bheil na figearan seo nas àirde airson gach bliadhna fho-cheumnach.

#### 4. Oileanaich agus Luchd-obrach: Dàmh agus Roinn (faic Clàran 4.0 is 4.1)

Thàinig an àireamh as àirde fhreagairtean bho Dhàmh nan Ealan, 24.5%. Bha seo air a leantainn le Dàmh an Lagha, a' Ghnothachais is nan Saidheansan Sòisealta aig 13.3% agus Dàmh Eòlas an Leighis aig 11.1%. B' e Dàmh Eòlas an Leighis Sprèidh a thug seachad an àireamh a b' ìsle le 1.9%. Bha a' mhòr-chuid den luchd-fhreagairt a thug seachad fiosrachadh mun dàmh aca cuideachd gan comharrachadh fhèin mar oileanaich, ged a dh'fhaodadh cuid den luchd-fhreagairt a bhith nam buill den luchd-obrach cuideachd. Cha tug iomlan de 6.6% den luchd-obrach seachad fiosrachadh a thaobh dàmh/roinn, mar sin dh'fhaodadh na figearan sin a bhith beagan nas àirde.

### EARRANN B: COMAS LABHAIRT AGUS ÙIDH ANN AN LEASANAN

#### 5. Ìre Comais sa Ghàidhlig (faic Clàran 5.0 is 5.1)

Fhreagair iomlan de 86.1% de dh'oileanaich is luchd-obrach nach robh iad nan luchd-ionnsachaidh no nan luchd-labhairt Gàidhlig. Am measg an 13.9% den luchd-fhreagairt a chomharraich gun robh iad nan luchd-ionnsachaidh agus/no nan luchd-labhairt Gàidhlig, dh'innis 5.7% gun robh iad fileanta sa Ghàidhlig – an dàrna cuid neach-labhairt dùthchasach, neach-labhairt dùthchasach sleamhnaichte ('lapsed') (nach robh a' cleachdadh na Gàidhlig tuilleadh ach bho àm gu àm) no neach-ionnsachaidh fileanta. Bha beachdan eile a' nochdadh cion misneachd a' bruidhinn na Gàidhlig, msaa:

*“Tha mise o theaghlach aig an robh a' Ghàidhlig o thùs, tuigidh mi i ach chan eil mi misneachail ga bruidhinn.”*

*“S ann o thaobh siar na Gàidhealtachd a tha mise agus tha beagan Gàidhlig agam, ach chan eil gu leòr agam airson a bhith fileanta no glè chomasach.”*

Am measg an fheadhainn a fhreagair mar luchd-ionnsachaidh, bha 5.8% gam meas fhèin mar luchd-tòiseachaidh le 2.4% aig ìre eadar-mheadhanach. Bha cuid de bheachdan a' nochdadh gum bu chòir 'neach-ionnsachaidh sleamhnaichte' a bhith air a ghabhail a-steach mar earrann sa cheist seo dhaibhsan a bha air leasan a ghabhail roimhe ach nach robh ag ionnsachadh tuilleadh:

*“Tha mi smaoinichadh gu bheil feum air earrann airson 'neach-ionnsachaidh sleamhnaichte.' Tha mi air tòrr chlasaichean luchd-tòiseachaidh is iar-luchd-tòiseachaidh a dhèanamh ach cha deach agam air a dhol na b' fhaide na sin.”*

*“Tha greim air choreigin agam air na nithean as bunaitiche. Bidh mi cuideachd a' seinn sa Ghàidhlig.”*

B' ann am measg nan oileanach fo-cheumnach a bha a' cho-roinn a b' àirde a bha ag ionnsachadh na Gàidhlig; 6.2% luchd-tòiseachaidh, 2.2% eadar-mheadhanach agus 2.7% luchd-ionnsachaidh fhileanta. Bha an ceudad a bu mhotha de luchd-labhairt dùthchasach sa bhuidhinn seo, 2.7% fileanta agus 2.5% luchd-labhairt fileanta sleamhnaichte, is dh'fhaodte gu



bheil seo mar thoradh air cothrom fàsmhor air foghlam tro mheadhan na Gàidhlig thairis air na còig bliadhna fichead mu dheireadh.

Am measg oileanaich iar-cheumnach bha 5.7% nan luchd-tòiseachaidh, 3.0% aig ìre eadar-mheadhanach agus 2.7% nan luchd-ionnsachaidh fileanta. Bha barrachd sa bhuidhinn seo air gluasad bho luchd-tòiseachaidh gu ìre eadar-mheadhanach is fileantachd. Bha na bu lugha de luchd-labhairt dùthchasach fileanta is luchd-labhairt dùthchasach sleamhnaichte sa bhuidhinn seo (1.5% is 1.2% fa leth).

Bha a' cho-roinn a bu lugha de luchd-ionnsachaidh am measg an luchd-obrach: 4% luchd-tòiseachaidh, 2.3% eadar-mheadhanach agus 0.6% luchd-ionnsachaidh fileanta. Bha a' cho-roinn a bu lugha de luchd-labhairt dùthchasach fileanta (0.6%) agus luchd-labhairt dùthchasach sleamhnaichte (1.7%) sa bhuidhinn seo cuideachd.

## 6. Ùidh ann an Leasan (faic Clàr 6.0)

Dh'innis dìreach barrachd air leth an luchd-fhreagairt (55.3%) gun robh ùidh air choreigin, ùidh gu math mòr no ùidh mhòr aca ann an leasanan cànan Gàidhlig. Freagair 44.7% nach robh mòran ùidh no nach robh ùidh idir aca annta. Bha beachdan a' sealltainn gun robh cuid de luchd-freagairt ann aig nach biodh ùidh ann an clas cànan, ach aig am biodh ùidh ann an taobhannan eile den chànan is den chultar:

*“Bu toil leamsa clas a bhiodh mar dhrochaid eadar Gàidhlig na h-Alba agus Gàidhlig na h-Èireann seach gu bheil iad glè choltach ri chèile.”*

*“Chan eil mòran ùidh agam ann an clasaichean gus ionnsachadh mar a bhruidhneas mi a’ Ghàidhlig ach tha ùidh mhòr agam ann a bhith a’ fuaimneachadh ainmean, gu h-àraid ainmean bheann (is fìor thoil leam a bhith a’ coiseachd sna beanntan).”*

*“Seach gu bheil mi nam choigreach (Duitseach), cha bhiodh clasaichean cànan Gàidhlig ro fheumail dhomh ach bhiodh ùidh agam ann an co-labhairtean is òraidean mu chànan is chultar na Gàidhlig.”*

Am measg bheachdan bho luchd-freagairt aig nach robh ùidh a' Ghàidhlig ionnsachadh bha:

*“Tha mi a’ faireachdainn gu bheil a’ Ghàidhlig seann fhasanta is gur ann glè ainneamh a thathar ga cleachdadh ann an comann-shòisealta an là an-diugh. Mar sin tha mise a’ creidsinn gum biodh an t-airgead a thathar a’ cosg air na clasaichean oilthighe seo na b’ fheàrr air a chleachdadh air rudeigin eile.”*

*“S e cànan marbh a th’ innte. Bhiodh Grèigis no Laideann fada na b’ fheumaile do dh’oileanaich seach gu bheilear fhathast gan cleachdadh gu farsaing ann am briathrachas teicnigeach.”*

## 7. Ìre Clasa (faic Clàr 7.0)

Den fheadhainn a nochd ùidh ann an leasanan Gàidhlig, bha mòr-chuid lionmhor a' nochdadh ùidh ann an clasaichean aig ìre luchd-tòiseachaidh (84.5%). Chaidh ùidh cho-ionann a nochdadh ann an clasaichean aig ìre eadar-mheadhanach is ann an clasaichean còmhraidh neo-fhoirmeil (6.5%) le beagan a bharrachd air 2% den luchd-fhreagairt a' moladh seòrsachan 'eile' chlasaichean.

Tha beachdan a' nochdadh ùidh ann an cùrsaichean 'ùrachaidh' a' buntainn ri taobhannan sònraichte den chànan, fòram deasbaireachd agus cùrsa adhartach Ulpan; (dòigh-obrach a tha a' brosnachadh ionnsachadh tro èisteachd is ath-aithris), mar eisimpleir –

*“Rinn mi Gàidhlig luchd-tòiseachaidh airson 1 bhliadhna ach seach gu bheil mi air tòrr a dhìochuimhneachadh bhiodh clas ùrachaidh feumail.”*

*“Ulpan Adhartach.”*

*“Clas airson puingeann gràmair a ghleusadh, m.e. an dòigh cheart gus 's e, riochdan neo-phearsanta, msaa, a chleachdadh.”*

*“Fòram adhartach do luchd-labhairt a tha an ìre mhath fileanta?”*

## 8. Àm Freagarrach airson Clasa (faic Clàr 8.0)

Chaidh làithean-seachdaine eadar 12 nòin is 1f a chomharrachadh mar na h-amannan as freagarraiche airson chlasaichean don mhòr-chuid den luchd-fhreagairt (31.9%). Bha feasgaran eadar 5.30f is 6.30f san dàrna àite (27.9%), is bha feasgaran eadar 6 is 7f beagan na b' ìsle (21.4%). Tha seo a' comharrachadh gu bheil barrachd ùine shùbailte aig oileanaich is luchd-obrach aig amannan-lòin agus aig deireadh an làtha.

Cha do thagh ach 12% den luchd-fhreagairt deireadh-sheachdainean mar àm roghnach airson clasa. A rèir nam beachdan, tha a' mhòr-chuid de dh'oileanaich is de luchd-obrach gann de dh'ùine is tha tòrr rudan eile gan cuingealachadh (obair, teaghlach, msaa) taobh a-muigh uairean an Oilthighe. Bhiodh cion ùine na dhùbhlann a thaobh chlasaichean Gàidhlig. 'S e ceist eile gu bheil e doirbh do dh'oileanaich a tha suidhichte air campusan eile tighinn gu clasaichean a tha air an cumail ann an àiteachan eile san Oilthigh. Bha cuid den luchd-fhreagairt a' moladh ionnsachadh air-loidhne no ionnsachadh air astar mar roghainnean, m.e.

*“'S e deagh rud a bhiodh ann an seisean blasaid do luchd-ionnsachaidh bunaiteach, far am faodadh iad dìreach tadhal a-staigh.”*

*“Seiseanan leth-uair aig àm-lòin seach nach eil agam ach uair gu leth airson lòn gus an urrainn dhomh falbh tràth air sgàth an teaghlach.”*

*“Doirbh faighinn gu clasaichean a tha air an cumail air a' champus tron t-seachdain seach gu bheil sinne stèidhichte far a' champuis (Cille Bhrìghde an Ear) agus tha tòrr againn ri dhèanamh leis an teaghlach aig an deireadh-sheachdain.”*

*“Bhiodh amannan-lòin math dha-rìribh ach a-mhàin nan deidheadh clas a chur air dòigh aig Garscube. Seach sin bhiodh làithean-seachdaine 5.30-6.30 na b’ fheàrr dh’fhaodte.”*

*“Seach gu bheil mi fìor thrang aig an obair, agus a’ fuireach astar fada air falbh bhon obair, bhiodh cùrsaichean air-loidhne, a dh’fhaodainn a leantainn nam ùine fhèin, math dha-rìribh dhomhsa.”*

*“Bhiodh ionnsachadh air astar math – tha mise a’ fuireach sa Ghàidhealtachd!”*

## **9. Beachdan a’ Buntainn ri Earrann B: Comas Labhairt agus Ùidh ann an Leasan**

Thog na freagairtean a fhuairtean san earrainn seo grunn cheistean air am bu chòir beachdachadh; cothrom air ionnsachadh, cosgaisean, aire mu Ghàidhlig na h-Alba agus beachdan a thaobh luchd-ionnsachaidh.

### Cothrom air Ionnsachadh

Tha cuid den luchd-fhreagairt air beachdachadh nach eil làrach nan clasaichean freagarrach agus gu bheil e doirbh ùine a lorg gus clasaichean a fhrithealadh, m.e.

*“Tha duilgheadasan gluasaid agam, mar sin dh’fheumadh na clasaichean a bhith ann an togalach a bha furasta a ruigsinn.”*

*“Bhiodh clasaichean samhraidh na b’ fheàrr dhomhsa gu pearsanta seach gu bheil mi fìor thrang tron teirm.”*

### Cosgaisean

Tha cosgais nan clasaichean na bhacadh do chuid de dh’oileanaich, a dh’aindeoin ùidh is dealas. Bhiodh clasaichean an-asgaidh nam brosnachadh math airson ionnsachadh is bhiodh seo tarraingeach cuideachd do dh’oileanaich bho thall-thairis a tha airson tuilleadh fhaighinn a-mach mun Ghàidhlig ach gu tric nach eil a’ faighinn ach taic-airgid glè bheag fhad ’s a tha iad fhèin thall-thairis, m.e.

*“Chaidh mise gu clasaichean Gàidhlig o chionn ghoirid is bha iad an-asgaidh – air am maoinachadh le Riaghaltas na h-Alba – ’s e brosnachadh sgoineil a bha seo!”*

*“Tha clasaichean aig an Oilthigh air a bhith uabhasach daor rona seo is tha sin air mo chur dheth.”*

*“Deagh smuain. Ach, seach gu bheil mi nam oileanach is gura dòcha gum feum mi obair pàirt-ùine fhaighinn, chomharraichinn gum bu chòir dha bhith aig prìs ruigsinneach (an rud a b’ fheàrr – an-asgaidh; seach sin cha mhòr an-asgaidh).”*

### Aire mu Ghàidhlig na h-Alba

Tha mì-chinnt ann a thaobh na thathar a’ ciallachadh le Gàidhlig. Tha mòran fhreagairtean a’ sealltainn cion tuigse mun eadar-dhealachadh eadar Gàidhlig na h-Èireann is Gàidhlig na h-Alba. Chaidh cuid de na beachdan fiù ’s a sgrìobhadh ann an Gàidhlig na h-Èireann.

*“Chan eil e soilleir dè tha sibh a’ ciallachadh le ‘Gàidhlig’”.*

*“An e sin Gàidhlig na h-Alba no Gàidhlig na h-Èireann agus a bheil eadar-dhealachadh eatorra?”*

*“Seach gur e oileanach Èireannach a th’ annam, rinn mi Gaeilge san sgoil.”*

#### Beachdan Luchd-ionnsachaidh agus Beachdan a thaobh Luchd-ionnsachaidh

Bha cuid den luchd-fhreagairt air beachdan àicheil fhiosrachadh bho cho-aoisean a thaobh a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig no bha droch eòlas ionnsachaidh air a bhith aca fhèin:

*“Tha caraidean a tha air a’ Ghàidhlig ionnsachadh air toirt fa-near gu bheil e doirbh gluasad air adhart bho chlasaichean luchd-tòiseachaidh seach gu bheil cùrsaichean ìre 2’ gu math gann. Tha seo ga mo chur dheth bho bhith a’ tòiseachadh.”*

*“Bha mise ann an clas luchd-tòiseachaidh aig àm-lòin ach chaill mi an ceangal sin oir chaidh an ath bhliadhna a chur dheth seach nach robh buill gu leòr gu bhith sa chlas.”*

*“Tha a’ Ghàidhlig gu tric air a teagasg le luchd-labhairt dùthchasach le gean math ach gun eòlas sam bith air teagasg. Mar sin bidh na h-oileanaich a’ faireachdainn gu bheil a’ dèanamh dì-meas orra no gu bheil iad fo chus cuideim is bidh iad ga leigeil seachad.”*

*“Dh’fheuch mi ri Gàidhlig na h-Alba ionnsachadh roimhe bho na prògraman telebhisean ‘Speaking our Language’ ach bha cion cunbhalachd ann am fuaimneachadh agus do-chiall an litreachaidh nan cnapan-starra mòra a thaobh ionnsachadh.”*

#### Freagairt bho Oileanaich Chèin

Tha cuid de bheachdan bho oileanaich chèin a’ nochdadh ceasnachd a thaobh cànan is cultar na Gàidhlig:

*“S e oileanach Eadailteach a th’ annam is tha mi ag ionnsachadh Litreachas Coimeasach. Chòrdadh e gu mòr rium a’ Ghàidhlig ionnsachadh agus a bhith comasach, aon latha, a litreachas a leughadh is coimeas a dhèanamh eadar e agus litreachasan eile. Mar sin tha mi a’ cur luach air an iomairt seo.”*

*“Tha mise an seo mar iar-dhotair agus ’s ann à Sealainn Nuadh a tha mi. Tha mi a’ tilleadh a Shealainn Nuadh an ath-bhliadhna. Ged nach eil dùil agam an cànan ionnsachadh, tha mi a’ toirt taic don iomairt san fharsaingeachd.”*

## **EARRANN C: ÌRE ÙIDH ANN AN CULTAR AGUS TACHARTASAN GÀIDHLIG**

### **10. Seòrsachan Thachartasan is Bhùithtean-obrach a Chaidh Iarraidh (Faic Grafan 10.0 is 10.1)**

Bha freagairtean a’ taisbeanadh raon farsaing ùidh ann an diofar sheòrsachan thachartasan, is bha an ùidh a bu mhotha ann an consairtean ciùil agus fiosrachadh mu ainmean-àite.

B' e consairtean ciùil a chuir oileanaich fho-cheumnach aig an ìre as àirde, air a leantainn le ainmean-àite agus seiseanan fiosrachaidh mun Ghàidhlig. B' e bùithtean-obrach airson sgrìobhadh cruthachail agus dràma a thog an ùidh a bu lugha.

Nochd oileanaich iar-cheumnach ùidh an ìre mhath co-ionann ann an consairtean ciùil agus ainmean-àite, air a leantainn le seiseanan fiosrachaidh mun Ghàidhlig. Bha ùidh aig iar-cheumnaich cuideachd ann an tachartasan litreachail, seiseanan fiosrachaidh mu fhoghlam Gàidhlig agus òraidean le pearsaichean Gàidhlig. B' e bùithtean-obrach airson sgrìobhadh cruthachail agus dràma a thog an ùidh a bu lugha.

B' e ainmean-àite a thog an ùidh a bu mhotha am measg an luchd-obrach, air a leantainn le consairtean ciùil agus tachartasan litreachail. Chaidh ùidh a shealltainn cuideachd ann an seiseanan fiosrachaidh mun Ghàidhlig agus òraidean le pearsaichean Gàidhlig. B' e bùithtean-obrach airson sgrìobhadh cruthachail agus dràma a thog an ùidh a bu lugha.

### **11. Beachdan agus Molaidhean airson Seòrsachan Eile Thachartasan is Bhùithtean-obrach**

A-mach à mu 200 moladh, bha 30% airson thachartasan a' buntainn ri ceòl no taisbeanadh – cèilidhean is consairtean nam measg; bha 29% airson thachartasan a' buntainn ri eachdraidh a' chànain, eachdraidh na h-Alba, sloinntearachd, ainmean-àite no turais-làraich eachdraidheil; bha 35% airson thachartasan a' buntainn ri bhith ag ionnsachadh cànan is bha na beachdan a bha air fhàgail a' buntainn ri measgachadh de thachartasan do chloinn, ealain is làimh-chiùird thraidiseanta, litreachas is aithris sgeulachdan, fiolm is na meadhanan, spòrs, còcaireachd agus biadh.

*“Ainmean bheann a tha air tighinn bhon Ghàidhlig, na tha iad a’ ciallachadh agus nas cudromaiche, mar a thathar gam fuaimneachadh. Coltach ri toiseach am ‘Munro Show’ le Muriel Gray.”*

*“Tha mi creidsinn nach biodh mòran stuth ann airson club fiolm sa Ghàidhlig, ach nam biodh cothrom ann stuth bho thasglann a’ BhBC a chleachdadh bhiodh seòrsa de chlub fiolm a’ sealltainn nam prògraman aithriseach/fiolmaichean goirid a b’ fheàrr le deasbad sòisealta às a dhèidh glè mhath.”*

*“Tachartasan do chloinn (ro aois sgoile) – innse sgeulachdan, leughadh no òrain. Fiosrachadh mu leabhraichean Gàidhlig do phàistean/chnapaich agus mar bu chòir cànan a leasachadh ro-sgoil.”*

*“Turas gu sgìre far a bheilear a’ bruidhinn na Gàidhlig gus am b’ urrainn dhuinn labhairt sa Ghàidhlig a thoirt air adhart.”*

*“Òraidean no bùithtean-obrach mun dàimh eadar Beurla, Albais, agus Gàidhlig ann an Alba, gu h-eachdraidheil agus a-nis.”*

*“Rè ùine ’s dòcha gum biodh e inntinneach feasgaran iomlaid ann an Ghàidhlig na h-Alba is na h-Èireann (is cànanan Ceilteach eile dh’fhaodte) a chur air dòigh, (m.e. le ceòl, mu dhealbhadh cànan, tursan oileanach, msaa).”*

*“Òraidean mu chothroman obrach sa Ghàidhlig.”*

## 12. Amannan Freagarrach airson Thachartasan (faic Clàr 12.0)

Tha an fhreagairt seo co-chòrdail ri freagairt ceist 8: Amannan Freagarrach airson Chlasaichean. B' fheàrr leis a' mhòr-chuid den luchd-fhreagairt tachartasan tràth san fheasgar (5.30-6.30f) no bho 7.30f air adhart. B' fheàrr le beagan a bharrachd air an treas cuid den luchd-fhreagairt clasaichean aig àm-lòin (31%). B' e deireadh-sheachdainean is amannan taobh a-muigh an t-seimeastair teagaisg a bu lugha a bha a' còrdadh ris an luchd-fhreagairt.

## EARRANN D: BEACHDAN MU CHUDROMACHD NA GÀIDHLIG

### 13. Tarraing don Ghàidhlig (faic Clàr 13.0)

Den luchd-fhreagairt a nochd ùidh sa Ghàidhlig, 's e ùidh choitcheann ann an cànanan (12.9%) a' phrìomh tharraing don Ghàidhlig. Dlùth san dàrna àite bha ceangalan teaghlaich (10%) agus ùidh ann an ceòl (6.3%). Bha litreachas agus clann ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig a' tarraing 4.4% agus 1.3% den luchd-fhreagairt, fa leth.

Tha an tarraing don Ghàidhlig tro cheòl a' sealltainn na h-ùidh ann an tachartasan ciùil Gàidhlig a chaidh cuideachd a thaisbeanadh mar fhreagairt do cheist 10. Bha beachdan cuideachd a' togail air an ùidh làidir ann an ainmean-àite Gàidhlig, cultar agus dualchas. Tha a bhith a' siubhal air feadh na h-Alba cuideachd air iongantas mun chànan a dhùsgadh am measg dhaoine, mar a tha an ceangal cultarail eadar Èirinn is Alba:

*“Bidh mi gu tric a’ siubhal agus ag obair ann an Steòrnabhagh agus ann an Gàidhealtachd na h-Alba, mar sin bu toil leam tuigse nas fheàrr fhaighinn air a’ chànan.”*

*“‘S e ceangalan is eadar-dhealachaidhean eadar Èirinn is Alba a thug orm feuchainn.”*

Chaidh *“Uisge-beatha”* a thoirt mar bheachd, a' sealltainn mar a tha a' Ghàidhlig air a cleachdadh ann an comharrachadh-bathair.

Bha beachdan eile a' cur an cèill dragh airson àm ri teachd a' chànan; agus faireachdainn gun robh sealbh aca orra:

*“Cha bhithinn idir airson cànan urramach a bhuineas do co-dhiù pàirt den dùthaich agam fhaicinn a’ dol mar a chaidh a’ Ghàidhlig Mhanainneach no Còrnais, ùidh ann an cànanan, Litreachas.”*

*“‘S e an cànan AGAINNE a th’ innte.”*

Thug neach-freagairt eile iomradh air na bha ri fhaotainn de stuthan sgoileireil sa Ghàidhlig:

*“Mar oileanach eachdraidh na h-Alba tha mi air fàs mothachail gu bheil stuthan fiosrachaidh beairteach is measgaichte rim faotainn sa chànan, ach gu ruige seo ‘s ann an eadar-theangachadh a-mhàin a tha mi air an cleachdadh.”*

Chaidh cothroman cosnadh cuideachd a chomharrachadh mar rud a bha tarraingeach:

*“Gus a bhith nam thidsear.”*

#### **14. Cudromachd na Gàidhlig do Luchd-labhairt Dùthchasach**

Chaidh iarraidh air luchd-freagairt a chomharraich iad fhèin mar luchd-labhairt dùthchasach innse dè bha iad a’ faireachdainn a bha cudromach dhaibhsan a thaobh na Gàidhlig. Bha na freagairtean aca a’ nochdadh raon dhiofar dhraghan airson àm ri teachd a’ chànain a bharrachd air faireachdainnean seilbhe, dearbh-aithne chultarail is phearsanta, dualchas, brìgh coimhearsnachd, gaol air a’ chànan fhèin agus na bha iad a’ meas mar bhuannachdan an lùib ioma-chànanais:

*“Ga cumail beò, is ga libhrigeadh do na ginealaich a tha ri teachd.”*

*“Tha e an-còmhnaidh math barrachd air aon chànan a bhruidhinn, agus ma ’s e mion-chànan a tha ann an co-dhiù aon dhiubh, tha sin a’ dèanamh chùisean nas inntinniche.”*

*“Tha i na pàirt dhiom fhèin.”*

*“‘S i cànan tùsail mo dhùthcha.”*

*“Saoilidh mi gur e na rudan as cudromaiche mun a’ Ghàidhlig an cultar is na cleachdaidhean làidir a tha co-cheangailte rithe, a bharrachd air faireachdainn làidir coimhearsnachd a tha a’ tighinn bho bhith an lùib luchd-labhairt Gàidhlig eile.”*

*“Tha mi smaoinichadh gur e cànan àlainn a th’ innte is gu bheil comas labhairt sa Ghàidhlig gad chuideachadh gus tuigse nas fheàrr fhaighinn air taobhan eile de chultar na Gàidhealtachd.”*

*“A’ cur às don ìomhaigh gur e cànan beag-seagha is aosmhor, no fiù ’s ‘marbh’ a th’ innte.”*

*“Tha e fìor chudromach dhòmhsa gun urrainn dhomh a’ Ghàidhlig a bhruidhinn ris an fheadhainn as sine san teaghlach agam.”*

*“Briathrachas agus truaill-chainnt.”*

#### **15a. Cudromachd na Gàidhlig do Bheatha Chultarail na h-Alba (Faic Clàran 15a1, 15a2 is 15a3)**

Air sgèile 1-5 far a bheil 1 a’ comharrachadh ‘chan eil cudromach’, agus 5 ‘cudromach’, chuir 56.1% de dh’oileanaich is de luchd-obrach an cèill gun robh a’ Ghàidhlig cudromach do chultar na h-Alba. Bha dìreach fo 20% a’ faireachdainn nach robh a’ Ghàidhlig cudromach do chultar na h-Alba, le 24.6% neach-freagairt a’ faireachdainn nach robh i an dàrna cuid cudromach no neo-chudromach.

A-mach às an àireamh iomlan luchd-fhreagairt, am measg an fheadhainn a chomharraich ùidh sa Ghàidhlig, bha 75% a' faireachdainn gun robh a' Ghàidhlig na pàirt chudromach de chultar na h-Alba agus bha 6.3% a' faireachdainn nach robh i na pàirt chudromach de chultar na h-Alba.

Chomharraich mu 60% de dh'oileanaich fho-cheumnach is iar-cheumnach gun robh iad a' faireachdainn gun robh a' Ghàidhlig cudromach a thaobh cultar na h-Alba, agus mu 50% den luchd-obrach. Bha mu 25% de dh'oileanaich fho-cheumnach is iar-cheumnach a' faireachdainn nach robh a' Ghàidhlig an dàrna cuid cudromach no neo-chudromach. Bha am figear seo beagan na b' àirde am measg an luchd-obrach, a' ruigsinn dìreach fo 30%.

Bha mu 18% de fho-cheumnaich, 16% de dh'iar-cheumnaich agus 21% de luchd-obrach a' faireachdainn nach robh a' Ghàidhlig cudromach do chultar na h-Alba.

### **15b. Aire do dh'Inbhe na Gàidhlig ann an Alba (faic Clàran 15b1, 15b2 is 15b3)**

Air sgèile 1-5 far a bheil 1 is 2 a' sealltainn 'cion aire,' 3 a' sealltainn 'aire air choreigin' agus 4 is 5 a' sealltainn 'ìre àrd aire,' dh'innis 21.8% den luchd-fhreagairt uile gun robh ìre àrd aire aca do dh'inbhe na Gàidhlig ann an Alba an-diugh. Bha aire air choreigin aig 29.6%, is nochd 48.6% cion aire a thaobh inbhe làithreach na Gàidhlig.

Am measg an luchd-fhreagairt a dh'innis gun robh ùidh aca sa Ghàidhlig, bha aire na b' àirde aig 27.8%. Bha aire air choreigin aig ceudad beagan na b' àirde den bhuidhinn seo (32.1%) is bha 40.1% a' nochdadh cion aire.

Chomharraich mu 24% de fho-cheumnaich, 18% de dh'iar-cheumnaich agus 19% de luchd-obrach gun robh aire aca do dh' inbhe làithreach na Gàidhlig ann an Alba. Bha aire air choreigin aig 28% de fho-cheumnaich, 36% de dh'iar-cheumnaich is 35% de luchd-obrach. Bha a' cho-roinn bho na buidhnean uile le cion aire do dh'inbhe làithreach na Gàidhlig ann an Alba gu math na b' àirde; 48% de fho-cheumnaich, 52% de dh'iar-cheumnaich agus 51% de luchd-obrach.

### **15c. Cudromachd Ath-bheothachadh na Gàidhlig ann an Alba (faic Clàran 15c1, 15c2 is 15c3)**

Air sgèile 1-5 far a bheil 1 is 2 a' comharrachadh 'chan eil cudromach', 3 a' comharrachadh 'gun a bhith an dàrna cuid cudromach no neo-chudromach' agus 4 is 5 a' comharrachadh 'cudromach', dh'innis 55% den luchd-fhreagairt uile gun robh iad a' faireachdainn gun robh ath-bheothachadh na Gàidhlig ann an Alba cudromach. Bha 23% a' faireachdainn nach robh ath-bheothachadh an dàrna cuid cudromach no neo-chudromach agus bha 22% a' faireachdainn nach robh ath-bheothachadh na Gàidhlig cudromach.

Den luchd-fhreagairt a dh'innis gun robh ùidh aca sa Ghàidhlig, nochd 73.7% gun robh ath-bheothachadh na Gàidhlig cudromach. Bha 19% den bhuidhinn seo a' faireachdainn nach robh ath-bheothachadh an dàrna cuid cudromach no neo-chudromach, agus bha 7.3% a' faireachdainn nach robh ath-bheothachadh cudromach.

Bha dìreach barrachd air leth nan oileanach uile (57% de fho-cheumnaich is 54% de dh'iar-cheumnaich) a fhreagair a' comharrachadh gun robh ath-bheothachadh na Gàidhlig ann an Alba cudromach. Chomharraich 48% de luchd-obrach gun robh ath-bheothachadh cudromach.



Bha mu 20% de fho-cheumnaich, 30% de dh'iar-cheumnaich agus 30% de luchd-obrach a' faireachdainn gun robh ath-bheothachadh na Gàidhlig cudromach gu ìre.

Bha mu 23% de fho-cheumnaich, 16% de dh'iar-cheumnaich agus 22% de luchd-obrach a' faireachdainn nach robh ath-bheothachadh na Gàidhlig ann an Alba cudromach.

Tha beachdan a thugadh ann an àiteachan eile sa cheisteachan a' sealltainn taic làidir airson ath-bheothachadh is gleidheadh na Gàidhlig:

*"Gleidheadh cultair/dòigh-beatha, 's e so-mhaoin luachmhor a tha sa Ghàidhlig do dh'Alba, mar sin tha e cudromach gum bi i fhathast air a cleachdadh."*

*"'S i aon de chànanan na h-Alba agus bu chòir gum biodh comas aig muinntir na h-Alba na cànanan aca fhèin a bhruidhinn. Tha i cuideachd a' ceangal ri pàirtean den eachdraidh againn."*

*"Gus a' Ghàidhlig a chumail beò, feumar barrachd a dhèanamh aig a' bhonn, m.e. san sgoil agus san dachaigh."*

Bha beachdan eile a thugadh sa cheisteachan gu làidir an aghaidh a bhith a' gleidheadh is ag ath-bheothachadh na Gàidhlig:

*"Dè an t-suim airgid a tha seo a' caitheamh?"*

*"Tha mi a' faireachdainn gu bheil a' Ghàidhlig seann fhasanta agus nach eilear ga cleachdadh ach glè ainneamh ann an comann-sòisealta an là an-diugh. Mar sin, tha mi a' creidsinn gum biodh an t-airgead a thathar a' cosg air na clasaichean oilthighe seo na b' fheàrr air a chosg air rudeigin eile!"*

*"Carson a tha a' Ghàidhlig a' faighinn inbhe shònraichte is làimhseachadh sònraichte nuair nach b' i riamh prìomh chànan 'na h-Alba'?"*

## **EARRANN E: 16. BEACHDAN IS MOLAI DHEAN A DH'FHAODADH A BHITH FEUMAIL DO DH'OIFIGEAR NA GÀIDHLIG**

Tha taghadh de bheachdan is de mholaidhean gu h-ìseal a dh'fhaodadh a bhith feumail do dh'Oifigear na Gàidhlig ri linn toraidhean an t-suirbhidh.

### A' Tarraing Luchd-ionnsachaidh

*"Gheibhear tòrr luchd-ionnsachaidh èasgaidh tron Chomann Eadar-nàiseanta."*

*"Bhiodh ionnsachadh-D math – far am faodadh daoine aig nach eil ach beagan ùine bogadh a-mach 's a-steach, a' cur rin cuid eòlais."*

*"Feuch gun cuir sibh air dòigh cothroman ionnsachaidh Gàidhlig faisg air a' Chrichton. A rèir coltais cha bhi e comasach siubhal chun a' phrìomh champuis airson chlasaichean."*

*“Grunn chlasaichean an-asgaidh do luchd-tòiseachaidh. Tha na leasanan Gàidhlig ro dhaor dhomhsa an-dràsta, ach chòrdadh e glan rium an cànan ionnsachadh.”*

#### A' Togail Aire

*“Cha robh fiù 's fios agam gun robh an oifis ann gus an tàinig am post-d. Tha e riatanach aire a thogail!”*

*“Tha feum air iomairt shanasachd a tha nas fheàrr na na roinnean eile air an cur còmhla, gus an toireadh seo air daoine tighinn is a' Ghàidhlig a ghabhail. Tha sunnd a' sgaoileadh sunnd. Duaisean airgid airson dian-chùrsa.”*

*“Bu chòir barrachd a dhèanamh gus Gàidhlig na h-Èireann agus Cuimris a bhrosnachadh agus an roinn (Ceiltis is Gàidhlig) a dhèanamh nas làidire is nas amalaichte air na trì. Dh'fhaodte leasanan cànan agus clasaichean coimeasach.”*

*“Tha mi cinnteach gu bheil fios agaibh mu iomairtean Gàidhlig eile ann an sgìre Ghlaschu agus b' fhiach conaltradh a chur air bhonn leis na diofar bhuidhnean gus obrachadh eadar iad fhèin agus luchd-obrach Oilthigh Ghlaschu a dhèanamh cho math 's a ghabhas.”*

*“Feuch ri adhbharan sam bith a chur air adhart airson a' Ghàidhlig ionnsachadh agus mar a dh'fhaodadh seo a bhith feumail, no mar a dh'fhaodadh seo cur ris an eòlas agad air Alba is cultar na h-Alba.”*

*“Bhiodh e sgoinneil ceangal air choreigin a dhèanamh agus Gàidhlig is Albais a bhrosnachadh mar chànanan na h-Alba, cuide ri cànanan a tha tighinn am bàrr mar Pòlais.”*

#### Tachartasan/Bùithtean-obrach

*“Bhiodh rud sam bith a tha neo-fhoirmeil ach far a bheilear a' bruidhinn na Gàidhlig cuideachail is spòrsail.”*

*“S dòcha bùth-obrach a dh'fhaodadh amas air ceangalan rannsachaidh eadar luchd-obrach an Oilthighe ann an Gàidhlig agus càch san Oilthigh – tha fhios gu bheil ceangalan ann mar-thà ach dh'fhaodadh feadhainn eile a bhith air an cruthachadh.”*

*“Saoilidh mi gum biodh tuilleadh chèilidhean glè mhath, chan ann a-mhàin seach gu bheil spòrs nan lùib ach cuideachd seach gu bheil mi smaoinichadh gun toireadh iad barrachd dhaoine gun Gàidhlig chun a' chultair (is mar sin chun a' chànan).”*

*“Beagan briseadh-dùil gu ruige seo oir tha tachartasan ag amas an ìre mhath air oileanaich is luchd-tòiseachaidh a-mhàin.”*

*“Bhiodh club Gàidhlig do dh'oileanaich math dha-rìribh!”*

*“Is mise an stiùiriche susbaint aig Eye For Film ([www.eyeforfilm.com](http://www.eyeforfilm.com)) is chòrdadh e glan rium cluinntinn mu thachartasan no phrògraman sam bith a' buntainn ri fiolm a dh'fhaodadh sibh a bhith a' ruith.”*

*“Dè mu dheidhinn tachartasan do chloinn an luchd-obrach & nan oileanach?”*

### Goireasan

*“Dh’fhaodadh ionad-ionnsachaidh Gàidhlig far am faodadh daoine tadhal a-staigh a bhith feumail, nan deidheadh a shanasachd san dòigh cheart (agus le teatha is briosaidean an-asgaidh ’s dòcha gun tigeadh daoine ann.)”*

*“S dòcha gum biodh cròileagan/ro-sgoil tro mheadhan na Gàidhlig glè inntinneach.”*

*“Nan deidheadh an earrann Ghàidhlig ann an leabharlann an Hetherington a leudachadh bhiodh sin na chuideachadh deimhinnte don chùis.”*

*“Dh’fhaodadh fòram-lìn a bhith aig luchd-ionnsachaidh Gàidhlig Oilthigh Ghlaschu no dh’fhaodamaid fiù ’s coinneachadh aig àm-lòin gus fiosrachadh a cho-roinn is airson obrachadh còmhla gus a’ Ghàidhlig ionnsachadh.”*

### Cur an Aghaidh na Gàidhlig

*“Saoilidh mi gun fhiach beachdachadh gu bheil am miann gus a’ Ghàidhlig ionnsachadh gu mòr a’ tighinn bho chianalas (aig a’ char as fheàrr) no dh’fhaodte nàiseantachd (aig a’ char as miosa). Chan eil mi a’ faicinn an adhbhair air a shon.”*

*“Tha cus airgid ga chosg air a seo agus chan eil ann ach iomairt eile a tha a’ caitheamh airgead an Oilthighe aig àm nuair a tha gearraidhean gus bualadh air roinnean is dàimh.”*

*“Dè mu dheidhinn dèiligeadh ri Albais – is chan e dìreach dual-chainnt den Bheurla a h-innte. Cha b’ i a’ Ghàidhlig riamh cànan nàiseanta na h-Alba, cha robh innte ach dìreach aon a-mach à grunn chànanan roinneil.”*

*“Dè mu dheidhinn gun a bhith a’ dol air ais? Bu chòir a’ Ghàidhlig a chumail suas mar a tha Laideann – mar iongantais, innleachdas de na bh’ annainn aon uair. Tha Alba air gluasad air adhart bhon uair sin.”*

*“S e fìor chaitheamh airgid is ghoireasan a tha seo, agus tha oidhirpean sam bith gus seo a sparradh air an Oilthigh, agus air Alba san fhairsaingeachd, fìor mì-bheusail.”*

*“Tha mi fada an aghaidh oidhirpean gus an cànan seo a chumail beò.”*

*“Cha bu chòir gum biodh tachartasan sònraichte Gàidhlig ann IDIR.”*

*“Dh’fhaodte gu bheil a’ meas na Gàidhlig cudromach a thaobh a bhith a’ cumail beò ar seann chànan/dhualchais, ach a bheil seo dha-rìribh cudromach san t-saoghal sa bheil sinn beò an-diugh?”*

*“Cha bu chòir don Oilthigh a bhith a’ cosg ùine no airgead air a’ Ghàidhlig. Chan e seo cànan-teagaisg an Oilthighe agus chan eil i gu feum practaigeach sam bith dha no dha chuid oileanaich.”*

*“Tha dragh orm, is bha riamh, mun dòigh sa bheil a’ measgachadh bruidhinn na Gàidhlig le ‘Albannachd’. Do dh’Albannaich ceann a deas na h-Alba, ’s e cànan cèin a tha sa Ghàidhlig.”*

## CO-DHÙNAIDHEAN

### EARRANN A: CUNNTAS DEN LUCHD-FHREAGAIRT

Tha mu 24,000 oileanach agus 6,000 luchd-obrach aig Oilthigh Ghlaschu. Fhuair an suirbhidh seo freagairt bho mu 7.8%, agus dhiubh seo bha 40% fireann agus 60% boireann, bha mu 65% dhiubh nan oileanaich fho-cheumnach, 25% nan iar-cheumnaich agus 10% nan luchd-obrach.

### EARRANN B: COMAS LABHAIRT AGUS ÙIDH ANN AN LEASANAN

#### Ìrean Luchd-ionnsachaidh

'S ann ìseal a tha an àireamh oileanach is luchd-obrach a tha an-dràsta ag ionnsachadh na Gàidhlig air feadh an Oilthighe. 'S ann am measg oileanaich fho-cheumnach a tha a' cho-roinn as motha de luchd-ionnsachaidh. 'S e luchd-tòiseachaidh a tha sa mhòr-chuid. Tha seo a' comharrachadh dealas tùsail a tha a' crìonadh às dèidh ùine ghoirid. 'S ann am measg oileanaich fho-cheumnach a tha a' cho-roinn as motha de luchd-ionnsachaidh fileanta agus dh'fhaodadh seo a bhith air sgàth barrachd chothroman air foghlam bun-sgoile is àrd-sgoile tro mheadhan na Gàidhlig thar nan còig bliadhna fichead mu dheireadh.

#### Eadar-ghluasad

Bha tuiteam de mu 4% san àireimh a bha a' gluasad gu ìre eadar-mheadhanach is gu fileantachd. Tha luchd-ionnsachaidh iar-cheumnach a' dol air adhart gu na h-ìrean seo aig reata nas àirde na fo-cheumnaich no luchd-obrach. Tha comas ann an reata gluasaid bho ìre luchd-tòiseachaidh gu ìre eadar-mheadhanach agus fileantachd a thoirt am meud, gu h-àraid am measg luchd-ionnsachaidh fo-cheumnach is luchd-obrach.

#### Luchd-labhairt Fileanta is Dùthchasach

Tha àireamh bheag de luchd-labhairt fileanta dùthchasach is luchd-labhairt dùthchasach sleamhnaichte san Oilthigh, ach tha beachdan a' comharrachadh gum faodadh cothrom a bhith ann brosnachadh a thoirt dhaibhsan a tha air 'sleamhnachadh' no aig nach eil misneachd gu leòr gus tòiseachadh air ais ag ionnsachadh is a' bruidhinn na Gàidhlig.

#### Ùidh ann an Leasan

Tha raon ùidh sa Ghàidhlig am measg an luchd-fhreagairt a nochd ùidh. Bhiodh ùidh aig a' chuid a bu mhotha dhiubh seo ann a bhith a' dèanamh toiseach tòiseachaidh sa chànan, ach bha cuid airson sgilean a bha aca mar-thà no sgilean sleamhnaichte a thoirt air adhart.

Bha mì-chinnt ann a thaobh co dhiubh is e Gàidhlig na h-Èireann no na h-Alba a thathar a' tabhann. Tha cuid de na beachdan a' nochdadh cion tuigse mun eadar-dhealachadh eadar an dà chànan. Bha beachdan cuideachd a' nochdadh fhaireachdainnean àicheil a thaobh na Gàidhlig nuair a chaidh foighneachd mu ùidh; cha robh cuid den luchd-fhreagairt a' faicinn gun robh feum sa Ghàidhlig no adhbhar ann don Oilthigh a bhith ga brosnachadh.

#### Amannan Chlasaichean

Chaidh cion ùine air sgàth obair-cùrsa, cosnadh agus teaghlach a chomharrachadh mar phrìomh nithean a bha a' cur bacadh air ionnsachadh. Ma bha clasaichean a' dol a tharraing barrachd ùidh dh'fheumadh iad a bhith ann aig amannan-lòin (eadar 12 is 1f) no tràth san fheasgar (eadar

5.30 is 7f) air làithean-seachdaine tron teirm acadaimigich. Dheidheadh fàilte a chur cuideachd air ionnsachadh air-loidhne agus ionnsachadh air astar.

## **EARRANN C: ÌRE ÙIDH ANN AN CULTAR AGUS TACHARTASAN GÀIDHLIG**

Nochd luchd-freagairt ùidh mhòr ann an consairtean ciùil, ainmean-àite agus seiseanan fiosrachaidh mun a' Ghàidhlig. Dh'fhaodadh an ùidh ann an consairtean ciùil a bhith mar thoradh air an fhèill mhòr a tha air ceòl Gàidhlig is traidiseanta san fharsaingeachd agus mar a tha an ìomhaigh aige a' sìor fhàs tro fhèilltean is thachartasan. Bha a' mhòr-chuid de na beachdan a bha a' toirt iomradh air ainmean-àite a' nochdadh gur e ùidh ann an coiseachd bheann is cleasan a-muigh a bha air cùl seo.

Tha an dà chuid tachartasan ciùil is cleasan a-muigh tarraingeach do gach aois is cùl-eachdraidh agus tha comas aca barrachd dhaoine a tharraing chun na Gàidhlig ann an dòigh chàirdeil is inghabhaltach.

Tha ùidh ann an seiseanan fiosrachaidh mun a' Ghàidhlig a' comharrachadh miann airson barrachd fiosrachaidh is aire mun a' chànan is mun a' chultar.

## **EARRANN D: BEACHDAN MU CHUDROMACHD NA GÀIDHLIG**

Tha beachdan a thaobh ceistean 13, 14 agus 16 a' cur an cèill faireachdainnean làidir an dà chuid a' toirt taic don Ghàidhlig agus a' cur an aghaidh na Gàidhlig taobh a-staigh an Oilthighe agus na h-Alba. A-mach à mu 250 beachd bha mu 230 (92%) a' toirt taic don Ghàidhlig agus bha 20 (8%) an aghaidh a bhith a' gleidheadh no ag ath-bheothachadh a' chànan.

### Cudromachd do Chultar na h-Alba

Dh'fhaodte gu bheil an àireamh nas àirde de dh'oileanaich a tha a' faireachdainn gu bheil a' Ghàidhlig cudromach do chultar na h-Alba ri linn foghlam bun-sgoile is àrd-sgoile a tha air aire don a' Ghàidhlig a thogail am measg nan ginealach as òige. Thairis air na còig bliadhna fichead mu dheireadh tha foghlam bun-sgoile is àrd-sgoile tro mheadhan na Gàidhlig air fàs nas ruigsinniche san fharsaingeachd agus tha a' Ghàidhlig air a gabhail a-steach ann an curraicealam na sgoile. Chuireadh leasachaidhean cultarail Gàidhlig mar Fèisean nan Gàidheal ris a seo cuideachd, mar a chuireadh brosnachaidhean poilitigeach leithid Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.

Dh'innis cuid den luchd-fhreagairt gun robh iadsan den bheachd nach robh buntanas sam bith aig a' Ghàidhlig ri cultar na h-Alba an-diugh, is nach bu chòir prìomhachas sam bith a thoirt dhi thairis air mion-chànanan eil na h-Alba, m.e. Albais no a bhith ag ionnsachadh chànanan cèin ùr-nodha.

### Aire do dh'Inbhe na Gàidhlig

A dh'aindeoin 's ged a chomharraich còrr is leth an luchd-fhreagairt gun robh a' Ghàidhlig na pàirt chudromach de chultar na h-Alba, tha fhathast cion aire ann a thaobh inbhe làithreach na Gàidhlig ann an Alba. Tha aire do dh'inbhe na Gàidhlig beagan nas àirde am measg luchd-freagairt aig an robh ùidh ghnìomhach sa Ghàidhlig (luchd-ionnsachaidh, luchd-labhairt agus iadsan aig an robh ùidh a bhith nan luchd-ionnsachaidh). Dh'fhaodte gum biodh a' bhuidheann seo na bu bhuailtiche fios a chumail riutha fhèin mu inbhe na Gàidhlig ann an Alba. Ach, tha na

figearan seo cuideachd a' comharrachadh gum faodadh barrachd a bhith air a dhèanamh gus aire don a' Ghàidhlig àrdachadh am measg a' phobail choitinn.

#### Cudromachd Ath-bheothachadh

A dh'aindeoin ìre chuibheasach taic de chòrr is 50%, tha na freagairtean seo a' comharrachadh gu bheil ceist cumail suas na Gàidhlig a' cur dhaoine calg-dhìreach an aghaidh a chèile is a' dùsgadh fhaireachdainnean làidir mu na dòighean sa bheilear ga gleidheadh is a' maoinachadh is a' toirt prìomhachas do bhith ga leasachadh.

## MOLAIIDHEAN

### Àrdaich Aire

- Cùm seiseanan fiosrachaidh mun a' Ghàidhlig, a' coimhead air nithean mar àite na Gàidhlig ann an eachdraidh is cultar na h-Alba, na dòighean 's a bheil i coltach is eu-coltach ri Gàidhlig na h-Èireann agus inbhe làithreach na Gàidhlig ann an Alba an-diugh
- Tabhainn seiseanan 'blasaid' Gàidhlig an-asgaidh

### Brosnaich Ionnsachadh aig gach ìre

- Beachdaich air clasaichean a tha ag amas air luchd-tòiseachaidh bunaitheach
- Clasaichean 'gleusaidh' do luchd-labhairt dùthchasach is sleamhnaichte
- Clasaichean speisealta air gràmar, briathrachas, litreachas, msaa.
- Buidhnean còmhraidh
- Clasaichean Ulpan

### A' Dèanamh Ùine airson Ionnsachadh

- Beachdaich air clasaichean a chur air dòigh aig àm-lòin agus tràth air an fheasgar air làithean-seachdainne tron teirm acadaimigich

### Ionnsachadh Sùbailte

- Dèan ceangal le seirbheisean Teicneòlas Fiosrachaidh an Oilthighe gus seata leasan air-loidhne a thabhann do dh'oileanaich nach eil air a' champus is do dh'oileanaich astair a tha clàraichte aig an Oilthigh ach nach urrainn clasaichean a fhrithealadh

### Tog Coimhearsnachd Ionnsachaidh

- Dèan ceangalan eadar luchd-ionnsachaidh tro lìonraidhean air-loidhne
- Cuir tachartasan air dòigh a bheir luchd-ionnsachaidh is oidean còmhla gus na h-eòlasan aca fhèin a cho-roinn
- Leasaich an siostam 'caraid' a th' ann mar-thà eadar luchd-ionnsachaidh fileanta/adhartach agus luchd-tòiseachaidh

### Comharraich Cultar na Gàidhlig

- Cùm barrachd chonsairtean ciùil sa Ghàidhlig
- Dèan ceangal le clubaichean coiseachd bheann is chleasan a-muigh san Oilthigh airson 'làithean Gàidhlig' a chur air bhonn gus ainmean-àite is feartan-tìre a theagasg do chom-pàirtichean
- Tabhainn leasan seinn is ciùil sa Ghàidhlig
- Tabhainn tachartasan còcaireachd/làimh-chiùird sa Ghàidhlig

### Deagh Mhargaidheachd

- Bi mothachail mu nàimhdeas don Ghàidhlig agus faireachdainnean frionasach da h-ionnsaigh – gu h-àraid nuair a tha oilthighean fo chuideam ionmhasail. Cuir aghaidh ris a seo le bhith ag amas air rudan a tha in-ghabhaltach agus a' toirt seachad fiosrachadh: brìgh coimhearsnachd, deagh eòlasan ionnsachaidh, cultar àraid
- Bu chòir do dh'iomairtean brosnachaidh Gàidhlig san Oilthigh fàilte a chur air mion-chànanan is mion-chultaran eile.


## PÀIPEAR-TAICE

Clàr 1.0 - Luchd-freagairt Uile: Gnè

Luchd-freagairt Uile: Gnè	Àir.	%
Boireann	1367	59.9
Fireann	908	39.8
Tar-neach	6	0.3
<b>Iomlan</b>	<b>2281</b>	<b>100.0</b>

Graf 1.0 - Luchd-freagairt Uile: Gnè

Luchd-freagairt: Gnè (Àir. = 2281)






**Clàr 2.0** - Luchd-freagairt Uile: Bann Aoise

Luchd-freagairt Uile: Bann Aoise	Àir.	%
16 gu 20	571	25.0
21 gu 25	567	24.8
26 gu 30	241	10.5
31 gu 35	187	8.2
36 gu 40	187	8.2
41 gu 45	141	6.2
46 gu 50	155	6.8
51 gu 55	104	4.6
56 gu 60	80	3.5
61 gu 65	44	1.9
66+	8	0.4
<b>Iomlan</b>	<b>2285</b>	<b>100.0</b>


**Graf 2.0** - Luchd-freagairt Uile: Bann Aoise



**Clàr 3.0 - Luchd-freagairt Uile: Buidheann Bliadhna**

<b>Luchd-freagairt Uile: Buidheann Bliadhna</b>	<b>Àir.</b>	<b>%</b>
Iar-cheumnach	402	26.1
Fo-cheumnach còigeamh bliadhna	23	1.5
Fo-cheumnach ceathramh bliadhna	172	11.2
Fo-cheumnach treas bliadhna	223	14.5
Fo-cheumnach dàrna bliadhna	208	13.5
Fo-cheumnach ciad bhliadhna	313	20.3
Fo-cheumnach (gun sgaradh eatorra)	198	12.9
<b>Iomlan</b>	<b>1539</b>	<b>100.0</b>


**Graf 3.0 - Luchd-freagairt Uile: Buidheann Bliadhna**



**Clàr 4.0 - Luchd-freagairt Uile: Dàmh**

<b>Luchd-freagairt Uile: Dàmh</b>	<b>Àir.</b>	<b>%</b>
Ealain	526	24.5
Lagh, Gnothachas & Saidheansan Sòisealta	286	13.3
Eòlas an Leighis	239	11.1
Saidheansan Corporra	206	9.6
Saidheansan Bith-mheidigeach & Beatha	199	9.3
Foghlam	186	8.7
Seirbheisean an Oilthighe	177	8.3
Saidheansan Fiosrachaidh & Matamataigeach	175	8.2
Innleadaireachd	110	5.1
Eòlas an Leighis-sprèidh	41	1.9
<b>Iomlan</b>	<b>2145</b>	<b>100.0</b>

**Graf 4.0 - Luchd-freagairt Uile: Dàmh**




**Clàr 4.1 - Luchd-freagairt Uile: Inbhe**

<b>Luchd-freagairt Uile: Inbhe</b>	<b>Àir.</b>	<b>%</b>
Oileanach Fo-cheumnach	1137	66.3
Iar-cheumnach	402	23.4
Luchd-obrach	176	10.3
<b>Iomlan</b>	<b>1715</b>	<b>100.0</b>

**Graf 4.1 - Luchd-freagairt Uile: Inbhe**

**Luchd-freagairt: Inbhe (Àir. = 1715)**



**Clàr 5.0 - Luchd-freagairt Uile: Ìre Comais sa Ghàidhlig**

<b>Luchd-freagairt Uile: Ìre Comais sa Ghàidhlig</b>	<b>Àir.</b>	<b>%</b>
Ag ionnsachadh an-dràsta (neach-tòiseachaidh)	133	5.8
Ag ionnsachadh an-dràsta (eadar-mheadhanach)	55	2.4
Neach-ionnsachaidh fileanta	42	1.8
Neach-labhairt dùthchasach fileanta	40	1.8
Neach-labhairt dùthchasach sleamhnaichte	47	2.1
Chan e neach-labhairt no neach-ionnsachaidh	1963	86.1
<b>Iomlan</b>	<b>2280</b>	<b>100.0</b>


**Clàr 5.1 - Luchd-freagairt Uile: Ìre Comais sa Ghàidhlig (Inbhe)**

<b>Luchd-freagairt Uile: Ìre Comais sa Ghàidhlig</b>	<b>Fo-cheumnaich</b>		<b>Iar-cheumnaich</b>		<b>Luchd-obrach</b>	
	<b>Àir.</b>	<b>%</b>	<b>Àir.</b>	<b>%</b>	<b>Àir.</b>	<b>%</b>
Ag ionnsachadh an-dràsta (neach-tòiseachaidh)	70	6.2	23	5.7	7	4.0
Ag ionnsachadh an-dràsta (eadar-mheadhanach)	25	2.2	12	3.0	4	2.3
Neach-ionnsachaidh fileanta	25	2.2	11	2.7	1	0.6
Neach-labhairt dùthchasach fileanta	30	2.7	6	1.5	1	0.6
Neach-labhairt dùthchasach sleamhnaichte	28	2.5	5	1.2	3	1.7
Chan e neach-labhairt no neach-ionnsachaidh	953	84.3	344	85.8	159	90.9
<b>Iomlan</b>	<b>1131</b>	<b>100.0</b>	<b>401</b>	<b>100.0</b>	<b>175</b>	<b>100.0</b>

**Clàr 6.0** - Luchd-freagairt Uile: Ìre Ùidh sa Ghàidhlig

<b>Luchd-freagairt Uile: Ìre Ùidh sa Ghàidhlig</b>	<b>Àir.</b>	<b>%</b>
Chan eil ùidh idir	541	23.7
Chan eil mòran ùidh	479	21.0
Ùidh air choreigin	573	25.1
Ùidh meadhanach mòr	392	17.2
Ùidh mhòr	296	13.0
<b>Iomlan</b>	<b>2281</b>	<b>100.0</b>

**Graf 6.0** - Luchd-freagairt Uile: Ìre Ùidh sa Ghàidhlig




**Clàr 7.0 - Luchd-freagairt le Ùidh sa Ghàidhlig: Ìre Clasa a Chaidh Iarraidh**

<b>Luchd-freagairt le Ùidh sa Ghàidhlig: Ìre Clasa a Chaidh Iarraidh</b>	<b>Àir.</b>	<b>%</b>
Luchd-tòiseachaidh bunaiteach	1058	84.5
Eadar-mheadhanach	82	6.5
Clas còmhraidh neo-fhoirmeil	82	6.5
Eile	30	2.4
<b>Iomlan</b>	<b>1252</b>	<b>100.0</b>

**Graf 7.0 - Luchd-freagairt le Ùidh sa Ghàidhlig: Ìre Clasa a Chaidh Iarraidh**

**Luchd-freagairt le Ùidh sa Ghàidhlig: Ìre Clasa Freagarrach (Àir. = 1252)**




**Clàr 8.0 - Luchd-freagairt le Ùidh sa Ghàidhlig: Àm Freagarrach airson Clas**

Luchd-freagairt le Ùidh sa Ghàidhlig: Àm Freagarrach airson Clas	Àir.	%
Làithean-seachdaine 12 nòin gu 1f	391	31.9
Làithean-seachdaine 5.30f gu 6.30f	342	27.9
Làithean-seachdaine 6f gu 7f	263	21.4
Deireadh-sheachdainean	155	12.6
Eile	76	6.2
<b>Iomlan</b>	<b>1227</b>	<b>100.0</b>


**Graf 8.0 - Luchd-freagairt le Ùidh sa Ghàidhlig: Àm Freagarrach airson Clas**

**Luchd-freagairt le Ùidh sa Ghàidhlig: Àm Freagarrach airson Clas (Àir. = 1227)**






**Graf 10.0** - Luchd-freagairt le Ùidh sa Ghàidhlig: Ìre Ùidh ann an Tachartasan Gàidhlig



**Graf 10.1** - Luchd-freagairt le Ùidh sa Ghàidhlig: Ìre Ùidh ann an Tachartasan Gàidhlig (Inbhe)




**Clàr 12.0** - Luchd-freagairt le Ùidh sa Ghàidhlig: Amannan Freagarrach airson Thachartasan

Luchd-freagairt le Ùidh: Amannan Freagarrach airson Thachartasan	Àir. (1197)	%
Tràth san fheasgar 5.30f gu 6.30f	589	46.7
Feasgaran 7.30f air adhart	417	33.0
Àm-lòin	361	31.0
Deireadh-sheachdainean	324	25.7
Taobh a-muigh seimeastair teagaisg	174	13.8

Clàr loma-fhreagairt: dh'fhaodadh luchd-freagairt barrachd air aon fhreagairt a thoirt.

**Graf 12.0** - Luchd-freagairt le Ùidh sa Ghàidhlig: Amannan Freagarrach airson Thachartasan




**Clàr 13.0** - Luchd-freagairt le Ùidh: Tarraing don Ghàidhlig


Luchd-freagairt le Ùidh: Tarraing don Ghàidhlig	Àir. (1142)	%
Ùidh ann an cànanan	154	12.9
Teaghlach	119	10.0
Ceòl	75	6.3
Litreachas	52	4.4
Clann ann am FMG	16	1.3

Clàr loma-fhreagairt: dh'fhaodadh luchd-freagairt barrachd air aon fhreagairt a thoirt.

**Graf 13.0** - Luchd-freagairt le Ùidh: Tarraing don Ghàidhlig



**Graf 15** - Beachdan an Luchd-fhreagairt mu Chùisean Gàidhlig (Inbhe)



**Clàr 15a (1)** - Luchd-freagairt Uile: Cudromachd na Gàidhlig do Bheatha Chultarail na h-Alba

<b>Luchd-freagairt Uile: Cudromachd na Gàidhlig do Bheatha Chultarail na h-Alba</b>	<b>Àir.</b>	<b>%</b>
Fìor chudromach	620	27.7
Gu math cudromach	635	28.4
Caran cudromach	551	24.6
Chan eil glè chudromach	301	13.5
Chan eil cudromach idir	130	5.8
<b>Iomlan</b>	<b>2237</b>	<b>100.0</b>


**Clàr 15a (2)** - Luchd-freagairt le Ùidh sa Ghàidhlig: Cudromachd na Gàidhlig do Bheatha Chultarail na h-Alba

<b>Luchd-freagairt le Ùidh sa Ghàidhlig: Cudromachd na Gàidhlig do Bheatha Chultarail na h-Alba</b>	<b>Àir.</b>	<b>%</b>
Fìor chudromach	516	41.5
Gu math cudromach	417	33.5
Caran cudromach	233	18.7
Chan eil glè chudromach	66	5.3
Chan eil cudromach idir	12	1.0
<b>Iomlan</b>	<b>1244</b>	<b>100.0</b>

**Clàr 15a (3) - Luchd-freagairt Uile: Cudromachd na Gàidhlig do Chultar na h-Alba**

Luchd-freagairt Uile: Cudromachd na Gàidhlig do Chultar na h-Alba	Fo-cheumnaich		Iar-cheumnaich		Luchd-obrach	
	Àir.	%	Àir.	%	Àir.	%
Fìor chudromach	323	29.0	119	30.0	38	22.6
Gu math cudromach	318	28.6	121	30.5	45	26.8
Caran cudromach	269	24.2	94	23.7	49	29.2
Chan eil glè chudromach	138	12.4	49	12.3	31	18.5
Chan eil cudromach idir	64	5.8	14	3.5	5	3.0
<b>Iomlan</b>	<b>1112</b>	<b>100.0</b>	<b>397</b>	<b>100.0</b>	<b>168</b>	<b>100.0</b>

**Graf 15a - Cudromachd na Gàidhlig do Bheatha Chultarail na h-Alba**



**Clàr 15b (1)** - Luchd-freagairt Uile: Aire do dh'Inbhe na Gàidhlig

<b>Luchd-freagairt Uile: Aire do dh'Inbhe na Gàidhlig</b>	<b>Àir.</b>	<b>%</b>
Aire mhath	123	5.5
Aire gu ìre	364	16.3
Aire air choreigin	663	29.6
Gun mòran aire	689	30.8
Gun aire idir	399	17.8
<b>Iomlan</b>	<b>2238</b>	<b>100.0</b>


**Clàr 15b (2)** - Luchd-freagairt le Ùidh sa Ghàidhlig: Aire do dh'Inbhe na Gàidhlig

<b>Luchd-freagairt le Ùidh sa Ghàidhlig: Aire do dh'Inbhe na Gàidhlig</b>	<b>Àir.</b>	<b>%</b>
Aire mhath	82	6.6
Aire gu ìre	264	21.2
Aire air choreigin	400	32.1
Gun mòran aire	355	28.5
Gun aire idir	144	11.6
<b>Iomlan</b>	<b>1245</b>	<b>100.0</b>

**Clàr 15b (3)** - Luchd-freagairt Uile: Aire do dh'Inbhe na Gàidhlig

<b>Luchd-freagairt Uile: Aire do dh'Inbhe na Gàidhlig</b>	<b>Fo-cheumnaich</b>		<b>Iar-cheumnaich</b>		<b>Luchd-obrach</b>	
	<b>Àir.</b>	<b>%</b>	<b>Àir.</b>	<b>%</b>	<b>Àir.</b>	<b>%</b>
Aire mhath	71	6.4	23	5.8	4	2.4
Aire gu ìre	193	17.3	50	12.6	28	16.7
Aire air choreigin	314	28.2	116	29.3	50	29.8
Gun mòran aire	314	28.2	143	36.1	59	35.1
Gun aire idir	221	19.9	64	16.2	27	16.1
<b>Iomlan</b>	<b>1113</b>	<b>100.0</b>	<b>396</b>	<b>100.0</b>	<b>168</b>	<b>100.0</b>

**Graf 15b** - Aire do dh'Inbhe na Gàidhlig



**Clàr 15c (1) - Luchd-freagairt Uile: Cudromachd Ath-bheothachadh na Gàidhlig**

<b>Luchd-freagairt Uile: Cudromachd Ath-bheothachadh na Gàidhlig</b>	<b>Àir.</b>	<b>%</b>
Fior chudromach	392	27.2
Gu math cudromach	400	27.8
Caran cudromach	332	23.0
Chan eil glè chudromach	168	11.7
Chan eil cudromach idir	149	10.3
<b>lomlan</b>	<b>1441</b>	<b>100.0</b>

**Clàr 15c (2) - Luchd-freagairt le Ùidh sa Ghàidhlig: Cudromachd Ath-bheothachadh na Gàidhlig**


<b>Luchd-freagairt le Ùidh sa Ghàidhlig: Cudromachd Ath-bheothachadh na Gàidhlig</b>	<b>Àir.</b>	<b>%</b>
Fior chudromach	333	39.6
Gu math cudromach	287	34.1
Caran cudromach	160	19.0
Chan eil glè chudromach	40	4.8
Chan eil cudromach idir	21	2.5
<b>lomlan</b>	<b>841</b>	<b>100.0</b>

**Clàr 15c (3) - Luchd-freagairt Uile: Cudromachd Ath-bheothachadh na Gàidhlig**

<b>Luchd-freagairt Uile: Cudromachd Ath- bheothachadh na Gàidhlig</b>	<b>Fo-cheumnaich</b>		<b>Iar-cheumnaich</b>		<b>Luchd-obrach</b>	
	<b>Àir.</b>	<b>%</b>	<b>Àir.</b>	<b>%</b>	<b>Àir.</b>	<b>%</b>
Fior chudromach	211	28.8	80	29.7	22	23.7
Gu math cudromach	210	28.6	66	24.5	23	24.7
Caran cudromach	146	19.9	80	29.7	28	30.1
Chan eil glè chudromach	88	12.0	22	8.2	13	14.0
Chan eil cudromach idir	78	10.6	21	7.8	7	7.5
<b>lomlan</b>	<b>733</b>	<b>100.0</b>	<b>269</b>	<b>100.0</b>	<b>93</b>	<b>100.0</b>



**Graf 15c - Cudromachd Ath-bheothachadh na Gàidhlig**



## MAR FHIOSRACHADH:

Chaidh an rannsachadh seo a mhaoineachadh le Bòrd na Gàidhlig.

Tha an iomairt Ghàidhlig aig Oilthigh Ghlaschu agus obair an Oifigeir Ghàidhlig air a mhaoineachadh le Riaghaltas na h-Alba, Comhairle Maoineachaidh na h-Alba agus Bòrd na Gàidhlig le chèile.

